ceòlas

Aithisg Bhliadhnail 2019

09/2018-09/2019

Annual Report 2019

Ceòlas Uibhist, Dalabrog, Uibhist a Deas

HIE Highlands and Islands Enterprise Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean
LOTTERY FUNDED
CREATIVE SCOTLAND ALBA | CHRUTHACHAIL
BÒRD NA GÀIDHLIG
COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR
Scottish Government Riaghaltas na h-Alba gov.scot

Clàr-iùil

AITHISG A' CHATHRAICHE *FOREWORD FORM CHAIRPERSON* **3**

PRÒGRAM BLIADHNAIL *CORE PROGRAMME OF EVENTS* **4**

SGOIL SHAMHRAIDH *SUMMER SCHOOL* 4

SYMPOSIUM: EADAR AN LÀN, AN LIGE AGUS AN LOCHA 7

MOLADH UIBHIST 8

ÀS AN TOBAR *UIST BOOK FESTIVAL* 9

FÈILL A' GHEAMHRAIDH *WINTER FESTIVAL* **10**

TÌR NAN ÒG *ROYAL EDINBURGH MILITARY TATTOO YOUTH PERFORMANCE* 10

FÈIS CHULLAIG 11

LATHA DHÒMHNAILL IAIN DHONNCHAIDH *DONALD JOHN MACDONALD COMMEMORATION* 12

LEASACHADH AN DIASPORA *DIASPORA DEVELOPMENT* **12**

SEACHDAIN NA GÀIDHLIG *EDINBURGH GAELIC WEEK* 12

PRÒISEACTAN GÀIDHLIG *GAELIC PROJECTS* **13**

CÙRSAICHEAN BOGAIDH *GAELIC COURSES* 13

SEIRBHEIS MHEADHANAN GÀIDHLIG *GAELIC MEDIA AND COMMUNICATIONS SERVICE* 14

CLASAICHEAN GÀIDHLIG COIMHEARSNACHD *GAELIC COMMUNITY CLASSES* 15

A' COMPÀIRTEACHADH RI OILTHIGHEAN *ENGAGEMENT WITH UNIVERSITIES* **15**

PRÒISEACT CIÙIL AGUS DANNSA *MUSIC AND DANCE PROJECT* **16**

DANNSA *DANCE PROJECT* 16

BOGSA & BOGHA *BUTTONS & BOWS PROJECT* 16

A' CUR AIR ADHART THACHARTASAN *EVENTS PROMOTION* **16**

MEADHANAN SÒISEALTA *SOCIAL MEDIA* **17**

AM BÒRD-STIÙIRIDH AGUS AN LUCHD-OBRACH *BOARD OF DIRECTORS AND STAFF* **17**

COMATAIDH *COMMITTEE* **18**

Aithisg a' Chathraiche *Foreword form Chairperson*

Tha e toirt toileachas dhomh Aithisg Bhliadhnail 2019 a lìbhrigeadh, sam bheil aithris air an liuthad pròiseact a tha Ceòlas Uibhist air cur air adhart do mhuinntir Uibhist, cho math ris an t-saothar nàiseanta agus eadar-nàiseanta againn. Tha sinn a' sìor-thogail air a' phròram againn gus cànan is ceòl nan Gàidheal a sheasamh nar coimhearsnachdan, agus tha mi air mo dhòigh gu bheil na h-àireamhan – cho math ris na molaidhean – a' dol suas. Tha Ceòlas a-nise a' ruith na sgoil samhraidh cho math ri còig fèisean beaga a chomharraicheas ar cànan is ar cultar ann an dòigh fìor-tharraingeach, a' cur ris an eòlas a th' aig daoine – gach cuid muinntir Uibhist agus daoine a thig dhan eilean. Tha ionnsachadh na Gàidhlig a' fàs gu làidir ann an Uibhist a Deas agus tha sinn a' tabhainn chothroman sònraichte air eòlas dùthchasach nan Gàidheal fhiosrachadh agus ionnsachadh anns an eilean fhèin, agus am measg nan daoine fhèin.

Tha am fàs seasmhach seo mu choinneamh pròram Cheòlais a' cur ris an lèirsinn mhòr adhartach againn gus Cnoc Soilleir a chur air stèidh làidir ann an Uibhist, agus tha seo air ar n-aire fhad 's a choileanas sinn ar n-amas. Tha mi toilichte fhaicinn gu bheil Colaiste a' Chaisteil – an luchd-compàirt againn – cuideachd a' leasachadh na h-obrach aca a thaobh ceòl nan Gàidheal le luchd-obrach ùr.

Bu mhath leam taing mhòr a thoirt dhan sgioba bheag agus na saor-thoilich againn a bhios a' cur an uamhais de dh'obair a-staigh às leth Ceòlas, Cnoc Soilleir agus cànan is cultar Uibhist. Tha mo thaing cuideachd a' dol gu na buidhnean maoineachaidh agus an fheadhainn a bheir tabhartasan agus eile dhuinn – cha bhiodh sinn ann às ur n-aonais.

Tha pròiseactan ùr inntinneach le buidhnean ùra nar n-amharc, agus cumaidh sinn am pròram bliadhnail againn a' dol.
Mòran taing!
Màiri T NicAonghais
Cathraiche

I am pleased to present this year's Annual Report and Accounts to you which outline the wide range of activities Ceòlas Uibhist Ltd has presented to the local community and our involvement in National and International initiatives. Ceòlas has continued to build on its programme of Gaelic and Music events in Uist throughout the year to ensure each of these is sustainable and I am delighted to say that each event has successfully evolved with numbers of attendees increasing and evaluations giving positive feedback. Ceòlas now hosts the renowned Summer School and five mini 'festivals' which celebrate our Gaelic language and culture and inform participants in an attractive style pleasing to local people and the increasing number of visitors to the Islands. The teaching of Gaelic is rapidly gathering momentum in South Uist and we are effectively developing a unique offer through the rich store of community members who are keen to share their knowledge of the language as a way of life.

Our ambitious aspirations in Cnoc Soilleir require steady growth in the Ceòlas programme of activity in South Uist and our focus will remain on this as we move towards realising our long-held goal. I am pleased to see that Lews Castle College, our partners in Cnoc Soilleir are also developing their work in Gaelic music through new staff appointments.

I wish to extend my grateful thanks to the small staff team and the volunteers at Ceòlas and Cnoc Soilleir who deliver enormous outputs for Gaelic culture and language in Uist and beyond. My thanks also to the supportive funding organisations and those who give cash donations and other assistance in kind – without all of you we could not do what we do.

Our plans for the future include some exciting projects with new partners alongside embedding the core events and activities which already exist. Watch this space!

Pròg**ram Bliadhnail** ***Core Programme of Events***

Sgoil Shamhraidh ***Summer School***



’S i sgoil na bliadhna-sa, 2019, an tè as trainge a-riamh a bh’ againn, le 181 oileanaich a’ tighinn o air feadh an t-saoghail a lìonadh Sgoil Dhalabroig is tallachan na sgìre. Dh’èirich an luchd-teagaisg air dùbhlan nan àireamhan le dìcheall.

Dhearbhaich na duilleagan-measaidh gun robh meas mòr air tàlant na sgioba. Chaidh modhan ùra a chur an sàs gu soirbheachail anns na clasaichean co-obrachaidh agus Gàidhlig, le agus clas ùr ann am bàrdachd agus còmhradh a chòrd ris na h-oileanaich.

Airson na dàrna bliadhna chaidh ASTAR, buidheann òigridh à Inbhir Nis, fhàilteachadh air ais air sgoilearachd Urras Ceòl na Gàidhealtachd, a leigeas le òigridh tighinn dhan sgoil an-asgaidh. Bha na pìobairean is fìdhlearan òga às an sgìre a’ cluich cho math feadh na seachdain.

Bha pròg**ram** làn de thachartasan an cois nan clasaichean tranga. B’ e seòladh an leabhrain *Ainmean-àite Èirisgeidh*, pròiseact ann an compàirteachas ri SNH agus Ainmean-àite na h-Alba, am measg nam prìomh thachartasan.

Ceòlas Summer School 2019 was the busiest ever with 181 students taking part from all over the world. It filled the Sgoil Dhalabroig and all available halls and spaces were filled to capacity. The tutor team rose extremely well to the challenge of overcrowding.

Evaluation from students showed great appreciation of the collective talent within the team, with new approaches tried out for the Crossover Classes, offering bàrdachd class as well as Gaelic Conversational classes.

For the second year a group of youngsters from the Inverness area, ASTAR, were welcomed back, they were part of the Highland Music Trust scholarship group which enables youngsters to attend for free tuition. Local youth pipers and fiddlers performed outstandingly throughout the week.

The busy classes were supplemented by a full programme of activity. A highlight of the week was the launch of the *Ainmean-àite Èirisgeidh* publication, a joint project with SNH and Ainmean-àite na h-Alba.

Bha gach tachartas air a lìonadh ’s a’ cur thairis! Chaidh an Talla Coimhearsnachd a chleachdadh gus an sluagh mòr a ghabhail. Fhuair An Cèilidh Fàilteachaidh àbhaisteach oidhche Dhòmhnaich an t-seachdain gu dol le measgachadh de luchd-teagaisg agus luchd-ceòl Uibhisteach. Air Oidhche nan Òran, leis na guthan binn aig toiseach na seachdain, chualas an liuthad òran sean is ùr o thall ’s a-bhos, eadar Ceap Breatainn le Màiri Sìne Laomaind, Leòdhas le Cairistìona Primrose agus Òran a’ Pholitician le Seonaidh Mac an t-Saoir. Bha dreach Cearcall a’ Chuain aig Josie Burgess is Sarah NicAoidh dìreach àlainn. Le òrain o Chathy Ann Nic a’ Phì is Ailean Dòmhnullach, bha oidhche shònraichte againn.

Each event of the evening programme was a sell out! More use was made of the Community Hall to accommodate the larger numbers. The Welcome Cèilidh on Sunday was our traditional blend of local talent and visiting tutor talent and set the week off to a fine start. Singers night, while all the voices were still fresh brought a wealth of new and old songs from far and wide, Mary Jane Lamond’s Cape Breton songs to Christine Primrose’s one for Lewis and our more local Òran a’ Pholitician from Seonaidh MacIntyre, Josie Burgess and Sarah MacKay’s rendition of Cearcall a’ Chuain was beautiful. Cathy Ann and Ailean Dòmhnullach were sublime and the whole evening was pure pleasure.

Bidh taighean-cèilidh DiMàirt daonnan a’ còrdadh ris na h-oileanaich agus tha Ceòlas an taing gach duine a dh’fhosgail an dachaigh le aoigheachd eileanach cho math. Leis na bh’ ann de dh’oileanaich, bha againn ri seisean ciùil a ruith ann a Taigh-òsta Poll a’ Charra.

Tuesday House Cèilidhs, were greatly appreciated by the students and Ceòlas is indebted to the people who opened their homes to show island hospitality. To accommodate the overspill a music session also ran in Polochar.

B’ iad Rona Lightfoot agus Fin Moore a rinn fear/bean an taighe aig a’ Chuirm Phìobaireachd oidhche Chiadain, agus ’s math a chòrd an cluiche ris an èisteachd Uibhisteach – èisteachd cho eòlach mu cheòl

Wednesday Piping Concert, again a marvellous evening hosted by Rona Lightfoot and Fin Moore in support, a South Uist piping audience is known to be a discerning audience and they were certainly not

na pìoba ’s a th’ ann. Chaidh dannsa a chumail na dhèidh ann an Talla Staoinebrig – le còmhlan-cèilidh Cheòlais – agus thàinig na dròbhan an dèidh consairt luchd-teagaisg na Fèise.

Bha oidhche ’arDaoin a’ leigeil leis na dannsairean is fìdhlearan deagh ho-ro-gheallaidh a bhith aca, is chaidh an leabhar ùr air dannsa eileanach (*Hebridean*) le Mats Melin a sheòladh.

Ged a tha e duilich a’ smaointinn gun leasaich An Cèilidh Mòr gach bliadhna, bha Gillebrìde Mac ’IlleMhaoil na fhear-an-taighe air oidhche cho math ’s a bh’ againn, le tàlant nach gabh beatadh. Chaidh bàrr na seachdain, eadar luchd-teagaisg is eile, a thoirt còmhla ann an cuirm shònraichte a chaidh a bheò-shruthadh le Voove.

’S e pàirt mhòr dhen sgoil na clasaichean òigridh san fhìdheall agus sa phìoba agus tha buidheann dhìcheallach a’ leasachadh an cuid sgilean. Am bliadhna, rinn iad port ùr, le brosnachadh o Ashley NicDhòmhnaill.

Bha còrr is dà cheud san èisteachd aig mòran de na tachartasan, is bha 2,226 daoine ann uile-gu-lèir rè na seachdain.

disappointed. A traditional Uist Dance was held after the Piping Concert in Stoneybridge Hall – with the Ceòlas own band – which was great fun having followed on from the Fèis tutor concert.

Thursday Dance where the Fiddle and Dancers from Cape Breton come into their own was ‘hooching’ and Mats Melin launched his book on Hebridean Dance.

Friday An Cèilidh Mòr: each year it feels it cannot get better but it does, Gillebrìde MacMillan hosted the night and ran a tight programme which showcased the talent that we have in our tutors. The best of the week was brought together in a wonderful performance which was live streamed by Voove.

Ceòlas Summer school offers Youth Fiddle and Youth Piping and there is a core group who are keen to develop their skills, Ashley MacDonald has encouraged the Pipers to compose tunes.

The fringe programme had attendances of over 200 at many events but the overall total for the week was 2266.

Luchd-teagaisg *Tutors List*

Ailean Dòmhnullach Òrain Phìobaireachd/Ceòl Mòr Piping song/Ceòl Mòr

Coinneach MacCoinnich	Pìobaireachd do Dhannsa	Piping for Dance
Ashley NicDhòmhnaill	Pìobaireachd (Òigridh)	Piping (Youth)
Cathy-Ann Nic a' Phì	Seinn	Singing
Màiri Sìne Laomaind	Seinn	Singing
Alasdair MacIlleBhàin	Seinn	Singing
Sophie Stephenson	Dannsa-ceum	Step-dance
Mats Melin	Dannsa-ceum	Step-dance
Harvey Peutanach	Dannsa-ceum	Step-dance
Mats Melin	Ruidhlichean & Quadrilles	Reels & Quadrilles
Robbie Greig	Fìdheall	Fiddle
Fiona NicÀsgaill	Fìdheall	Fiddle
Shelly Chaimbeul	Fìdheall	Fiddle
Iain MacPhàrlain	Fìdheall (Òigridh)	Fiddle (Youth)
Ingrid NicEanraig	Clàrsach	Clàrsach
Ailig 'Bhaltos'MacDhòmhnaill	Gàidhlig	Gaelic
Catrìona NicIlleDhuibh	Gàidhlig	Gaelic
Catrìona Nic an t-Saoir	Gàidhlig	Gaelic
Gillebrìde Mac 'IlleMhaoil	Gàidhlig	Gaelic
Aonghas Iain MacDhòmhnaill	Gàidhlig (Seanchas)	Gaelic (Seanchas)

Symposium: Eadar an Làn, an Lige agus an Locha

A rèir an rannsachaidh aig an Oll Stiùbhart Angus, Manaidsear Poileasaidh & Comhairle aig SNH, 's iad na coimhearsnachdan as motha fo chunnart ann an Alba: Uibhist, Tiriodh, Ìle agus Sanndaigh an Arcaibh. Tha suidheachadh Uibhist air a' Chuan Shiar, cho math ri feartan a' mhachair – maoth, ìseal, lochanach, a' fàgail gu bheil taobh siar Uibhist fosgailte do dhoineannan mòra na h-Atlantaig. Ged a bhios coilltean mòra ceilpe (stamh) a' dìon Uibhist o làn-neart nan luinn, tha eagal ann gun adhbhraich sruthladh stoirme agus èirigh ìre na mara lùghdachadh san èifeachd a th' aig a' cheilpe.

Dh'fhaodadh gur i coimhearsnachd Uibhist a' chiad àite ann an Alba a dh'fhuilingeas ri linn crìonadh na gnàth-shìde agus èirigh ìre na mara. B' e sin teachdaireachd lom an Oll Stiùbhart Angus 's e bruidhinn aig symposium coimhearsnachd 2019 aig Cheòlais, "Eadar an Làn, an Lige agus an Locha", bho 21mh gu 23mh dhen Iuchar.

Bha òraidean agus cuairtean a' cnuasachadh an dlùth-cheangail a th' aig Uibhist ri uisge, eadar na lìgidhean, iasgach nan lochan agus

According to the research of Prof Stewart Angus, Policy & Advice Manager with SNH, the communities most vulnerable to the effects of climate change in Scotland are Uist, Tiree, Islay and Sanday in Orkney. Uist's situation on the rim of the North Atlantic, along with its soft coastline, low-lying plains and lochs, leaves it exposed to powerful storms. Currently shielded by forests of kelp, which help to sap the strength of the Atlantic rollers, it is thought that storm surges and further sea-level rise will render this natural defence more ineffective as the wave action rises above the kelp's reach.

South Uist, Benbecula and North Uist may be the first Scottish communities to suffer from the effects of climate change and rising sea-levels. That was the stark message of Prof Stewart Angus' second talk at the 2019 Ceòlas community symposium, which took place between the 21st and 23rd of July.

A series of lectures and guided walks examined Uist's relationship with water, from the elaborate canal system possibly dating to the 18th century to the inland

an cunnart a th' ann an sruthladh stoirme don mhachair ìseal.

A thuilleadh air an naidheachd chas seo, bha beagan fealla-dhà ann cuideachd, le poidseadh, cutadh èisg, smòcadh fheusgan agus dualchas nam ban gan cnuasachadh. Bha cuairt ann a dh'fhaicinn ligeadh Loch Druidibeag agus cuairt eile a choimhead air Rathad a' Bhradain ann an Tobha Mòr, a bhios na bradain a' gabhail air an slìghe gu sìolachadh nas fhaide dhen bhliadhna.

Chaidh na tachartasan feasgair àbhaisteach a chumail ann an Talla an Ìochdair agus Dr Aonghas Dòmhnallach a' cluiche cuide ri pìobairean òga tàlantach na sgìre. Bha Mòrag Dhòmhnnallach uair eile na bean-an-taighe chomasach air cèilidh na h-oidhche Mhàirt agus làn an talla ann. Uile-gu-lèir, bha 750 duine an làthair aig a' symposium. Chaidh cùrsa Gàidhlig a ruith an cois a' symposium agus thug tachartasan coimhearsnachd Gàidhlig a' symposium deagh stèidh dhan ionnsachadh aig na h-oileanaich mun àrainneachd is dualchas na coimhearsnachd Gàidhlig.

fisheries and the threat of storm surges to the low-lying machair on the west.

In addition to predictions, more light-hearted topics were explored during the symposium, including poaching, gutting fish, smoking mussels and the high regard held of women within the Gaelic world. Two walks looked at the 'ligeadh' at Loch Druidibeag and the route which the salmon take on their way to their spawning areas later in the year.

The traditional evening events were held in Talla an Ìochdair with Dr Angus MacDonald giving the Piping recital and supported by the impressive group of local young pipers. The ever popular cèilidh on Tuesday night hosted by Mòrag Dhòmhnallach, both events were a full house. A total number of 750 people participated in the events. A Gaelic Immersion Course is run alongside the symposium and the organised events provides a valuable setting for the participants to learn about the environment and heritage of a living Gaelic community.

Moladh Uibhist

B' ann air làithean-saora na Bealtainne a bha Moladh Uibhist am bliadhna. Chaidh sreath de bhùthan-obrach ann an dannsa-ceum agus òrain a chumail cuide ri Penny Burgess agus Jo NicDhòmhnaill.

Chuir obair Nic Gareiss, dannsair-ceum Aimeireaganach, agus Fiona NicCoinnich, tasglannaiche Chanaigh, ris na bùthan-

Moladh Uibhist Song Conference took place in early May over the bank holiday weekend. A series of workshops in both song and step-dance were held over the weekend with Penny Burgess and Jo MacDonald.

The combination of American Step Dancer Nic Gareiss and Fiona MacKenzie from Canna greatly added to the workshops, it was a new

obrach gu mòr, gu sònraichte nuair a chaidh na puirt-à-beul Gàidhlig a chur còmhla ris an dannsa-ceum air feasgar an Dòmhnaich. Bha 146 daoine aig an deireadh-sheachdain.

departure to bring both disciplines together and Nic was greatly appreciative of singing to puirt on the Sunday afternoon. This weekend reached 146 people.

Às an Tobar *Uist Book Festival*

Chaidh fèill leabhraichean Às an Tobar, ri linn Seachdain Leabhraichean na h-Alba a leudachadh, agus buidhnean coimhearsnachd eile a' gabhail pàirt a leithid Cothrom, Leabharlannan nan Eilean Siar agus Taigh Chearsabhagh.

2018 saw the continuing growth of Às an Tobar, over the Scottish Book Week in November, with additional community organisations taking part in devilery, including Cothrom, Leabharlannan nan Eilean Siar and Taigh Chearsabhagh.

Chaidh tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig a ruith le Ceòlas am broinn na fèille, a' fosgladh le seòladh 'Adhbhar Ar Sòlais' le Marion NicIlleMhoire, sgrìobhadair ùr bàrdachd Gàidhlig 2017 aig Urras Leabhraichean na h-Alba, agus 'Freumhan Falaichte', CD ùr le Gillebrìde Mac 'IlleMhaoil.

Ceòlas ran several Gaelic-medium events opening with the joint launch of 'Adhbhar Ar Sòlais', by Marion Morrison, the 2017 Scottish Books Trust New Writers Award winner for Gaelic poetry, and 'Freumhan Falaichte', Gillebrìde's CD of new compositions.

Chaidh dà sheisean sgoile aig Sgoil Dhalabroig agus Sgoil an Ìochdair a ruith le Dr Dòmhnall Uilleam Stiùbhart a' bruidhinn air saothar MhicGilleMhìcheil ann an Uibhist. Air an fheasgar, bha Calum MacFhionghain, sgrìobhadair ùr na bliadhna son rosg Gàidhlig, agus òraid le Dòmhnall Uilleam Stiùbhart air an t-seann tradaisean 'caoineadh' ann an Uibhist.

Two school sessions were run by Dr Dòmhnall Uilleam Stiùbhart in Sgoil an Ìochdair and Sgoil Dhalabroig on 19th century collectors. In the evening, Calum MacKinnon, the 2017 New Writer Award winning for Gaelic prose writing, talked about his new writing pursuits, which diverge from his previous comedy sketches, and Dr Dòmhnall Uilleam Stiùbhart gave a talk about the Uist traditions of keening.

Fèill a' Gheamhraidh *Winter Festival*

Tìr nan Òg *Royal Edinburgh Military Tattoo Youth Performance*

Dh'fhosgail an fhèill gheamhraidh leis a' phròiseact chiùil is dannsa, Tìr nan Òg, san robh 22 duine òga a' gabhail pàirt.

The Winter Festival opened in late 2018 with a performance by talented local youth who had participated in the Tìr nan Òg project, in which 22 young people took part.

Fhuair Ceòlas maoineachadh o Thatù Dhùn Èideann, tro Alba Chruthachail, gus pròiseact ciùil is dannsa ùr a chruthachadh le òigridh. Chaidh an ullachadh a dhèanamh san t-Samhain 2018 le Jane Dhùghlais, dannsair, Anndra Mac a' Phearsain, drumair, Ailean MacEanraig, fidhlear, agus Iain Dòmhnallach a' stiùireadh nam pìobairean.

Ceòlas received Royal Edinburgh Military Tattoo funding through Creative Scotland to produce new work. The work was carried out over the weekend in late November 2018 with Jane Douglas, dance choreographer, Andrew MacPherson teaching drums, Alan Henderson teaching fiddle and Iain MacDonald working with two of his College students Pipes.

Chaidh pìos fìor mhath a chruthachadh a chaidh a shealltainn aig fosgladh cuirm Breabach an Lìonacleit, aig AGM Cheòlais an Dalabrog agus air 'DiSathairne Cothromach' ann an Talla Chàirinis. Chìthear am film air Youtube Cheòlais.

An extraordinarily good piece of work was produced and was showcased at the opening of Breabach's concert in Lìonacleit, at Ceòlas' AGM performance in Dalabrog, and at a Fair Saturday event in Talla Chàirinis. The video can be seen on Ceòlas' youtube channel.

Fèis Chullaig

Bidh Fèis Chullaig a' dol gach bliadhna eadar an Nollaig 's a' Bhliadhn' Ùr, le tachartasan coimhearsnachd do gach aois. Am bliadhna, bha fèill a-rithist air dannsa Trail West ann an Talla an Ìochdair, Cuirm nam Pìobairean Òga, a' Chèilidh Teaghlaich, seiseanan ciùil anns na taighean-òsta agus a' Chèilidh Chullaig ann an Loidse Ghróigearraidh. Ge brith an aois, bha rud ann dhaibh.

Fèis Chullaig takes place between Christmas and New Year's Eve in South Uist, consisting of a series of community-centred events for all ages. Trail West Dance in Talla an Ìochdair, Youth Pipers Recital, Children's Ceilidh, a music session in the local hotels and the "cockles, crab and cocktails" event in Grogarry Lodge. All ages have something to attend.

Latha Dhòmhnaill Iain Dhonnchaidh *Donald John MacDonald Commemoration*

B' e comharrachadh 100 bliadhna o rugadh am bàrd cliùiteach a chrìochnaich an fhèill gheamhraidh. Air 2ra Gearran 2019 chaidh beatha is saothar Dhòmhnaill Iain Dhonnchaidh a chomharrachadh leis an tachartas Ghàidhlig 'Chì Mi'. Thàinig 206 daoine gu aifreann – far an do sheinneadh na laoidhean a rinn e, cuairt gu taigh a' bhàird, òraid le Iseabail T NicDhòmhnaill agus cèilidh ann an Talla Staoinebrig.

Ceòlas chose to celebrate our own local bard on the anniversary of his birth 100 years ago. Chì Mi on 2nd February 2019 to celebrate the 100th Anniversary since the birth of Domhanall Iain Dhonnachaidh attracted 206 people across the mass with his hymns, a walk to the site of his home, a talk by Iseabail T MacDonald who had worked closely with him and the evening cèilidh in Talla Staoinebrig.

Bhathar cuideachd a' comharrachadh obair a' bhàird aig Moladh Uibhist agus aig an sgoil shamhraidh. Fad na bliadhna an 2019, bha Ceòlas a' comharrachadh Dhòmhnaill Iain, agus chaidh leabhran ruisg, *Uibhist a Deas*, a sheòladh a-rithist nas fhaide dhen bhliadhna.

His work was appreciated at the Moladh Uibhist song conference and his songs were heard during Ceòlas week. Chì Mi was a continuing theme across the year with the relaunch of Donald John MacDonald's prose work, *Uibhist a Deas,* at Kildonan Museum.

Leasachadh an Diaspora *Diaspora Development*

Seachdain na Gàidhlig *Edinburgh Gaelic Week*

Ghabh Ceòlas pàirt ann an Seachdain na Gàidhlig ann an Dùn Èideann a-rithist ann an 2018, le blasad na sgoile samhraidh. Chaidh 'Ceòlas sa Bhaile' a ruith anns Na Tallachan Meadhain, Crois na Cìse, air 3mh Samhain,

Ceòlas took part in Seachdain na Gàidhlig, Edinburgh's Gaelic festival, by running a day taster event of the summer school. 'Ceòlas sa Bhaile', took place on the 3rd of November in the Central Halls, Tollcross, and

agus bha clasaichean Gàidhlig, òrain, pìobaireachd, fìdhlearachd agus dannsa-ceum ann. Chaidh muinntir Cheòlais an uairsin gu Bothan Dhùn Èideann air an oidhche far an robh Kathleen NicAonghais a' seinn.

featured classes in Gaelic language, song, piping, fiddle and step-dance. That evening, a special Bothan was held featuring some well-known Uist voices including Kathleen MacInnes.

Pròiseactan Gàidhlig *Gaelic Projects*

Cùrsaichean Bogaidh *Gaelic Courses*

Tha Liam Crouse air togail a thoirt do Cheòlas agus don Ghàidhlig o thòisich e, agus tha àireamhan na sgoile samhraidh air èirigh agus fàs air tighinn air an t-seirbheis eadar-theangachadh. Bha e a' stiùireadh leasachadh nan cùrsaichean Gàidhlig agus tha a chuid obrach luachmhor do Cheòlas agus do gach oileanach a thig air na cùrsaichean.

Liam Crouse has certainly raised the profile of Ceòlas and Gaelic since his employment began, it is evident in the numbers attending the school and in the Gaelic translation services. He has been the lead person until now for developing the Gaelic Immersion Courses and his skills are highly valued within Ceòlas and by all the students who have attended courses.

Eadar an Lùnastal agus an t-Sultain 2018, chaidh cùrsa bogaidh còmhnaidheach a ruith ann an Eaglais Shaor Loch Baghasdail agus Taigh a' Bhanca. Bha 6 tìdsearan an làthair air a' chùrsa, a bh' air a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, à Inbhir Nis, Dùn Èideann agus Ceap Breatainn. Bha 4 luchd-teagaisg ann thar nan ceithir seachdainean agus fhuair sinn fìor dheagh mheasadh an dèidh làimhe.

During August - September 2018 a four-week Immersion Course was run in Lochboisdale using the Bank House and the Free Church as teaching spaces, 6 people attended this Bòrd na Gàidhlig funded course for teachers, from Edinburgh and Inverness and one Cape Breton teacher. A team of four teachers covered the four weeks and it was considered to be excellent by all who attended.

Sa Ghiblean 2019, chaidh cùrsa Gàidhlig fad seachdain a thabhainn, le 8 oileanaich on chùrsa PgDip (GIfT) aig Oilthigh Shrathcluaidh agus 10 duine eile. Chaidh an cùrsa a ruith gu soirbheachail ann an Taigh a' Vet.

In late April 2019 another weeklong Immersion Course for Teachers was offered with 8 Gaelic Immersion for Teachers (GIfT) attending but this was supplemented by an addition of ten people who wanted the experience. This course was carried out in Boisdale House and was seen again as successful.

Thàinig 4 tìdsearan eile dhan sgoil shamhraidh agus bha deannan eile air cùrsa bogaidh ri linn a' symposium. Eadar an Lùnastal 2018 agus 2019, chaidh 7 seachdain de bhogadh a ruith ann an Uibhist, le pàirt mhòr aig a' choimhearsnachd ann an cur ris an ionnsachadh.

Ceòlas Summer School offered four teachers a GIfT Immersion course and another week was held around the Symposium which was successful. Between August 18 and August 19 seven weeks of Immersion were offered in Uist, with community engagement being an integral part of the experience.

Chaidh planaichean a dhealbhadh le Liam gus Oifigear Leasachaidh Curraicealaim

Liam developed the project for Ceòlas by proposing the appointment of a Gaelic

fhastadh aig Ceòlas gus cùrsaichean nas structaraichte a chruthachadh. Fhuaireadh maoineachadh o Bhòrd na Gàidhlig agus chaidh Fionna Halliday fhastadh san Lùnastal 2019 air cùmhnant dà-bhliadhna.

Curriculum Development Officer, to produce structured courses. Funds were achieved through Bòrd na Gàdhlig and Fionna Halliday started work in late August 2019 on a two-year contract.

"*Bha an cùrsa làn rudan diofraichte, agus chuir sin gu mòr ri beairteas a' chùrsa. Cha robh mi riamh roimhe seo aig cùrsa a' gabhail a-steach ùine air a' chroit agus aig a' chuaraidh, a bharrachd air seanchas bho Aonghas Iain, agus bùth-obrach dannsa*." – student from the 2019 Gaelic immersion course

Seirbheis Mheadhanan Gàidhlig *Gaelic Media and Communications Service*

Tha Liam air eadar-theangachadh agus seirbheisean eile a lìbhrigeadh do bhuidhnean nàiseanta is ionadail, a' gabhail a-steach:

- Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (Dùn Èideann)
- Taigh Chearsabhagh (Uibhist a Tuath)
- Tursachd Innse Gall (Leòdhas)
- RSPB (Uibhist a Tuath)
- Ainmean-àite na h-Alba (An t-Eilean Sgitheanach)
- Dualchas Nàdair na h-Alba (Inbhir Nis)
- Fèill Toradh (Uibhist)
- Às an Tobar (Uibhist)
- Sleep Scotland (Dùn Èideann)
- Eden Court (Inbhir Nis)
- Uist Asco (Uibhist a Tuath)
- UistFilm (Uibhist a Tuath

Liam has provided translations and other media services for the following national and local organisations:

- National Library of Scotland (Edinburgh)
- Taigh Chearsabhagh (Isle of North Uist)
- Outer Hebrides Tourism (Isle of Lewis)
- RSPB (Isle of North Uist)
- Ainmean-àite na h-Alba (Isle of Skye)
- Scottish Natural Heritage (Inverness)
- Toradh Festival (Uist)
- Às an Tobar Book Festival (Uist)
- Sleep Scotland (Edinburgh)
- Eden Court (Inverness)
- Uist Asco (Isle of North Uist)
- UistFilm (Isle of North Uist)

Clasaichean Gàidhlig Coimhearsnachd *Gaelic Community Classes*

Air an rianachadh le Liam agus air an gabhail le Catrìona Nic an t-Saoir agus Màiri NicAonghais, o Bhòrd-stiùiridh Cheòlais. Chaidh na h-obraichean a shanasachd ach cha d'fhuaradh tagraichean, agus seo na eisimpleir dhen dùbhlan a bhith a' lorg luchd-teagaisg ùra sna bliadhnaichean ri thighinn.

Developed by Liam and taught primarily by Catrìona MacIntyre and Màiri MacInnes from the Ceòlas Board of Directors. Posts were advertised but applications were not forthcoming, and this is the challenge for the coming years to find additional local tutors for community classes.

Chaidh clasaichean a ruith aig ceithir àiteachan diofraichte eadar an Dàmhair 2018 agus an Cèitean 2019 agus bha 24 daoine an sàs annta. Thèid an tabhainn a-rithist ann an 2019-2020.

Classes were held in the community at four different venues between October 2018 and May 2019, in total 24 people participated, and they will continue to be offered in the year 2019- 2020.

A' Compàirteachadh ri Oilthighean *Engagement with Universities*

Chaidh an t-Oll Niall Simco a shuidheachadh mar Leas-phrionnsabal airson Rannsachadh agus Buaidh aig Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean. Bidh esan os cionn stiùireadh rannsachadh an oilthighe. Thadhail e fhèin air Ceòlas tràth ann an 2019 agus thàinig e air ais dhan sgoil shamhraidh mar oileanach.

The University of the Highlands and Islands has appointed Professor Neil Simco as its Vice-Principal for Research and Impact. Professor Simco will be responsible for leading and overseeing the university's research activity in the role. He visited Ceòlas in early 2019 and returned to the summer school in July as a student.

Bidh Ceòlas a' gabhail oileanach Shabhal Mòr Ostaig air greis gnìomhachais gach bliadhna agus bha sinn air ar dòigh gur i a' bhana-Fhionnlach Heine Apajaimea a thàinig a dh'Uibhist gus trì seachdainean a chur seachad san oifis. Rinn i rannsachadh air obair Cheòlais thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh agus bha deagh Ghàidhlig aice.

Ceòlas has offered Sabhal Mòr Ostaig work experience opportunities over the last few years and were delighted to have Finnish student Heine Apajaimea spend three weeks in our office, where she carried out research into the work of Ceòlas over the last ten years. Her Gaelic was excellent.

Tha Ceòlas ann an còmhraidhean ri Oilthigh Ghlaschu gus cùrsaichean bogaidh a thabhainn an Uibhist ann an 2021 agus tha sinn cuideachd air obrachadh còmhla ris an Oll. Thomas Clancy air a' phròiseact Eòlas nan Naomh, ag ullachadh airson Bliadhna Chaluim Chille ann an 2021 www.uistsaints.co.uk.

Ceòlas is in negotiation with Glasgow University to offer Immersion Courses in Uist for 2021 and is currently working with Prof. Thomas Clancy on our Eòlas nan Naomh project in preparation for year of St Colmcille in 2021 www.uistsaints.co.uk.

Bha Ceòlas cuideachd ag obair cuide ri dithist Oileanach Rannsachaidh PhD, Bobby MacAulay, Oilthigh Cailleanach Ghlaschu agus Kirsteen MacDonnachie o Oilthigh Anglia an Ear.

Ceòlas engaged with two Phd Research Students, Bobby MacAulay from Glasgow Caledonian University and Kirsteen MacDonnachie from the University of East Anglia.

Pròiseact Ciùil agus Dannsa *Music and Dance Project*

Dannsa *Dance Project*

Fhuair Lowenna Hosken obair dannsa fad bliadhna a bh' air a maoineachadh le Urras MhicDhonnchaidh agus NHS Eileanan Siar. Chuir i ris an obair a bha dol fad còig bliadhna, a' tòiseachadh gach clas air gach ìre eadar na sgoiltean, dachannan-cùraim agus clasaichean coimhearsnachd.

Lowenna Hosken, whose post was funded by the Robertson Trust and Western Isles Health Board, was given a year long contract to continue the work that has been ongoing over the last five years, but it has not been consistently staffed. Each new DDO has had to restart all classes at all levels, between schools, day care, care homes and community classes.

Bha deagh eòlas aice air dannsa-ceum bhon dùthaich aice fhèin sa Chòrn, agus rinn i ballet, jazz agus dannsaichean tradaiseanta eile cuideachd, a' dannsa mar eisimpleir aig Fèill Loreint, sa Bhreatainn Bhig.

Lowenna brought substantial experience of step-dance from her home in Cornwall, and she also practiced ballet, jazz and other forms of traditional dance, including performing at the Loreint Festival, in Brittany.

Leis nach robh an obair ach pàirt-ùine agus cha robh i seasmhach, tha Lowenna air dreuchd làn-ùine fhaighinn aig buidheann eile. Nì Ceòlas measadh air obair an dannsa ann an Uibhist agus cuiridh sinn fàilte air Lowenna gach turas a thilleas i le buidhnean-dannsa air chuairt. Tha Ceòlas fortanach gu bheil mòran oifigearan dannsa air a bhith againn thar nam bliadhnaichean a bhios a' tilleadh air ais le pròiseactan eile. Rinn na sgoiltean moladh mòr air an obair a chaidh a dhèanamh.

Lowenna's post was part time and temporary and she decided she needed to create a personal career path in a full-time post. Ceòlas will review how to progress the Dance work in Uist but will welcome Lowenna back with visiting groups which she has organised for Uist. Ceòlas has been fortunate over the years that the various Dance Officers have been inspired by Uist and want to return visit. The schools have been appreciative of the work carried out.

Bogsa & Bogha *Buttons & Bows Project*

Lean Buttons & Bows air tron bhliadhna 2018/19, le maoin Cheòlais fhèin agus bha 50 duine-chloinne a' gabhail pàirt. B' iad Ailean MacEanraig agus Uilleam Moireastan a bha a' gabhail nan clasaichean. Tha buidheann làidir tàlantach ann a dh'fheumas taic gus dèanamh cinnteach gum bi ginealach eile de cheòladairean gus cluich don dannsa.

Buttons & Bows managed to continue in the year 2018/19 with Ceòlas own funding support and 50 children took part. Alan Henderson teaching fiddle and Uilleam Morrison teaching button box. There is core of talent that still needs to be nurtured for the coming years to ensure we have musicians to play for dancing.

A' Cur Air Adhart Thachartasan *Events Promotion*

Bidh Ceòlas a' cur air adhart thachartasan ealain agus chiùil. Tha na leanas na chaidh a chur air adhart thar nan dusan mhìosan a dh'fhalbh:

Ceòlas has recently developed a role as an arts promoter. The table below lists the events which we have promoted within the last 12 months:

Ciaradh na h-Oidhche	Music/cèilidh	Talla Naoimh Pheadair	09/2018
Phil Cunningham & Aly Bain	Music	Talla an Ìochdair	09/2018
Elephant Sessions	Music	Talla an Ìochdair	10/2018
Breabach	Music	Sgoil Lìonacleit	11/2018
Scottish Opera	Music	Sgoil Lìonacleit	02/2019
Dàimh	Music	Talla Èirisgeidh	05/2019
Scottish Ballet	Dance	Sgoil Lìonacleit	06/2019
Sail Britain	Music	Taigh-òsta Loch Baghasdail	07/2019

Meadhanan Sòisealta *Social Media*

Tha Ceòlas beò air na meadhanan sòisealta:
Facebook (Ceòlas): 2,361
Twitter (@CeòlasUist): 1,657
Instagram (@Ceòlasuist): 1,026

Ceòlas is active on social media:
Facebook (Ceòlas): 2,361
Twitter (@CeòlasUist): 1,657
Instagram (@Ceòlasuist): 1,026



Am Bòrd-stiùiridh agus An Luchd-obrach *Board of Directors and Staff*

Màiri NicAonghais, Cathraiche
Pauline NicDhòmhnaill
Iseabail (Nic a' Chlèirich) NicDhòmhnaill
Catrìona Nic an t-Saoir
Maighread Walker
Dòmhnall Iain Dòmhnallach
Iseabail (NicChoinnich) Dhòmhnallach
Róisín King
Sarah NicAoidh

Mary Schmöller, Manaidsear Leasachaidh agus na h-Oifig
Iain Dòmhnallach, Stiùiriche Ealain
Peigi Ann Nic ’IlleMhaoil, Oifigear Rianachd
Liam Alastair Crouse, Oifigear Conaltraidh Gàidhlig
Lowenna Hosken, Oifigear Leasachaidh Dannsa
Catherine Yeatman, Manaidsear Pròiseict (Cnoc Soilleir)

Comataidh *Committee*

Aonghas Dòmhnallach
Flòraidh Chaimbeul
Dòmhnall Ruairidh Caimbeul
Màiri Anna Chaimbeul
Ceitidh Chaimbeul
Criosaidh Nic a’ Phì
Màiri Steele
Sandaidh Jones
Ann Marie Nic an t-Saoir Collier